# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

**Bòrd na Gàidhlig a' tairgse comhairle do phàrantan mu fhoghlam tron Ghàidhlig**

**Son a chleachdadh sa bhad - 27 Am Faoilleach 2011**

Bidh cothrom aig pàrantan a tha a' beachdachadh air an cuid chloinne a chur tro fhoghlam Gàidhlig comhairle fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig mar phàirt de dh'iomairt fiosrachaidh mu bhuannachdan dà-chànanas.

Thuirt Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachadh a' Bhùird, Mairi NicIlleMhaoil: "Tha fhios againn gu bheil pàrantan air a bhith a' beachdachadh càite am bith an cuid chloinne air an chlàradh, ach tha ùine ann fhathast an clàradh airson foghlam tron Ghàidhlig an ath bhliadhn' air feadh na h-Alba, fiù 's ged a bhiodh iad mar tha clàraichte airson foghlam tron Bheurla. Ged a bhiodh sin air tachairt, tha cothrom ann fhathast clann a ghluasad chun t-sruth Ghàidhlig agus bheir sinne comhairle do phàrantan sam bith a tha airson faighinn a-mach dè mar a thèid aca air sin a dhèanamh."

Tha Bòrd na Gàidhlig a-nis a' biathadh iomairt fiosrachaidh do phàrantan a tha a' beachdachadh air slighe foghlaim dhan cuid chloinne. Thèid sanasan a sgaoileadh anns na meadhanan nàiseanta agus ionadail agus air-loidhne, a' tarraing aire phàrantan gu na buannachdan a tha an lùib dà-chànanas.

Thuirt Mairi Nic Ille Mhaoil: "Dhearbh rannsachadh le Oilthigh Dhùn Èideann bho chionn ghoirid gu bheil clann a tha foghlamaichte tron Ghàidhlig cho math ri, no nas adhartaiche na clann air an oideachadh tro aon chànan. Tha cothrom aig clann a tha a' dol tro fhoghlam Gàidhlig a bhith fileanta an dà chànan agus tha sin gan cuideachadh ann a bhith a' togail chànan eile. Fosglaidh dà-chànanas cothroman cosnaidh do chloinn cuideachd agus tha fhios gum bi sin air aire phàrantan mar a tha iad a' breithneachadh air a' cheist chudromach seo."

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu na buannachdan a tha an lùib dà-chànanas agus Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig air feadh Alba, cuiribh fios gu Sgioba an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig air **01463 225454 no tro phost-dealain gu: oifis@gaidhlig.org.uk**

**A' Chrìoch**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

Airson tuilleadh  fiosrachaidh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu Mairi Nic Ille Mhaoil (Leasachaidh Foghlaim agus Ionnsachadh).  Bòrd na Gàidhlig air **01463 225454.**

**Cleachd bho: 27 Faoilteach 2011**

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**Bòrd na Gàidhlig offers advice on Gaelic enrolment**

**For use immediately – 27 January 2011**

Parents considering where to enrol their children in the coming school year are being encouraged to consider the benefits of bilingualism in an information campaign led by Gaelic development agency Bòrd na Gàidhlig.

The Bòrd's Director of Education and Learning Mary MacMillan said: "Parents will have been considering their options with regard to placing their children in schools and classes next year, but it is not too late to make the most of the Gaelic education opportunities available throughout Scotland. If parents have already enrolled children in English medium primary or pre-school they can still make the move to Gaelic medium education and we will be happy to advise them on how to do this."

Bòrd na Gàidhlig is stepping up its information campaign aimed at informing parents as they consider where to place their children and will be advertising in the national and local media, as well as on-line to bring the benefits of bilingualism to the attention of parents.

Mary MacMillan added: "Recent Edinburgh University research shows that children educated bilingually through Gaelic are on par with or outperform children educated in one language. Children in Gaelic medium education can achieve fluency in two languages with advantages to learning other languages. Being bilingual offers additional career opportunities and that will certainly be a factor in many parents' decision-making process."

For more information about the benefits of bilingualism and Gaelic Medium Education throughout Scotland, contact the Education team at Bòrd na Gàidhlig on **01463 225454 or email: oifis@gaidhlig.org.uk**

**Ends**

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

**For further information on the contents of this News Release, please contact Mairi MacMillan (Director of Education and Learning), Bòrd na Gàidhlig, on 01463 225454.**

**Issued: 26 January 2011**

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454